

**PLANA FAD-UINE AIRSON AIREAMHAN ARDACHADH  
ANN AM FOGHLAM TRO MHEADHAN NA GAIDHLIG.**

Màrt 2013

Aithisg le Catriona Dunn  
as leth Bòrd na Gàidhlig

## Clàr na -Aithisg

Earrann	Cuspair
1	Ro-radh
2	Ùghdarrais Ionadail – Sealladh Farsaing
3	Ùghdarrais Ionadail – Dealbh-chunntais
4	Tuairmsean air àrdachadh àireamhan a’ dol gu P1.
5	Feumalachdan airson àrdachadh agus leudachadh
6	A’ tarraing clann a-steach gu foghlam Gàidhlig
7	Ag àrdachadh àireamhan luchd-teagaisg
8	A’ toirt luchd-ionnsachaidh gu Fileantachd
9	Co-dhùnadh
10	Geàrr-chunntas

## **1 RO-RÀDH**

- 1.1 Chaidh an lèirmheas seo a stèidheachadh gus sgrùdadh ciamar a b' urrainn do dh'ùghdarrais ionadail agus buidhnean Gàidhlig an targaid am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 airson àrdachadh anns an àireamh chloinne a tha a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a ruighinn, agus gus beachdachadh air na bhitheas a dh'ìth airson an t-àrdachadh a thoirt gu buil. Tha am plana ag amas air 800 pàiste a' dol gu Prìomh 1 sa Ghàidhlig gach bliadhna.
- 1.2 Thòisich obair air an lèirmheas san t- Sultain 2012. An toiseach chaidh fiosrachadh a thogail bho phlanaichean Gàidhlig, fiosrachadh staitisticeach agus grunnan phàipearan is aithisgean. An dèidh sin chaidh fiosrachadh fhaotainn bho ghrunnan bhuidhnean agus dhaoine fa leth, eadar comhairlean ionadail, buidhnean Gàidhlig, oifigearan Riaghaltas na h-Alba, oilthighean, oileanaich, pàrantan, sgoiltean agus sgoilearan. Bha a' mhòr-chuid de na buidhnean agus daoine fa leth ro dheònach fiosrachadh agus cuideachadh a thoirt, agus ged a bha beagan nach tug freagairt, bha feadhainn eile anns an aon raon obrach a thug gu leòr fiosrachadh airson cunntas cothromach a thoirt seachad. Chithear dè tha comhairlean a' dèanamh thaobh Foghlam tron Ghàidhlig, ciamar a tha àireamhan buailteach a dhol, dè na planaichean leasachaidh a tha ann, tomhais de dh'fhiosrachaidh mu chosgaisean an lùib nan leasaichidhean, agus fiosrachadh mu raointean a tha a'fillleadh a-steach do phrìomh amasan a' phròiseact. Tha molaidhean air an tairgse air ro-innleachdan agus gnìomhan a dh'fhaodadh an leasachadh.
- 1.3 Chan eil coltas gun toir na ceithir bliadhna gu 2017 an t-àrdachadh a mhiannaichear ann an clàradh Foghlam tron Ghàidhlig, ged a tha dòchas gum bi piseach ann. Gidheadh, tha iomairtean agus leasaichidhean a tha a' dol an-dràsta no a tha san amharc, nach toir làn thoradh gu na bliadhnan an dèidh 2017. Tha obair ann an caochladh raointean a dh'fheumas an altramais agus an leasachadh gu furachail agus gu dealasach gus am bi fàs ri fhaicinn gu cunbhalach agus gu leantainneach. Tha an àithne a tha fa chomhair ùghdarrais ionadail agus buidhnean eile planaichean Gàidhlig a dheasachadh air feum a dhèanamh ann a bhith a' toirt aire bhuidhnean gu an cuid dleastanais, agus chan eil rian nach e an tuilleadh feum a nì sin, ged a tha e nas fhasa plana aontachadh na am plana sin a chur an gnìomh.
- 1.4 Bha e doirbh fiosrachadh earbsach fhaighinn mu chosgaisean, a bharrachd air na tha ann an earrann 5 gu h-ìosal. Tha cuid de na h-iomairtean eile a tha air am moladh a thaobh margaidheachd agus cosgaisean chùrsaichean far nach eil e cho furasta cosgaisean a thairgsinn, oir tha cus nithean caochlaideach nan luib agus iad aig ìre ro thràth.
- 1.5 Tha planaichean nan comhairlean air an toirt ri chèile ann an earrann 5 gu h-ìosal agus tha gnìomhan a tha riatanach airson an targaid a ruighinn anns na h-earrannan a leanas: 6.5; 6.6 7.3;8.3;8.4;8.5

## **2 ÙGHDARRAIS IONADAIL – SEALLADH FARSAING**

2.1 Faodar ùghdarrais a roinn ann an ceithir buidhnean:

2.2 Buidheann A

Seo na h-ùghdarrais a tha gan nochdadh fhèin dùrachdach agus gnìomhach a thaobh deagh adhartais an am Foghlam tron Ghàidhlig. Tha iad air sin a nochdadh thar iomadh bliadhna,

agus tha ro-innleachdan èifeachdach aca gu amasan dùbhlach a choileanadh, agus gu àrdachadh àireamhan a' dol gu foghlam Gàidhlig. Tha 83% den chloinn ann am Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil anns na sgoiltean aca, 90% den chloinn a tha ann an sgoiltean àraich Gàidhlig agus tha 90 % den chloinn a tha a' frithealadh buidhnean ro-sgoil saor-thoileach am broinn nan sgìrean comhairle sin.

A' cur ainmean nan comhairlean ann an òrdugh an aibideil, anns a' bhuidhinn seo tha:

Comhairle Baile Dhun Eideann  
Comhairle Baile Ghlaschu  
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid  
Comhairle na Gàidhealtachd.  
Comhairle nan Eilean Siar

### 2.3 Buidheann B

Tha ùghdarras eile ann aig a bheil planaichean leudachaidh aig ìre thràth. Tha iad air a bhith soirbheachail ann a bhith a' cumail Foghlam tron Ghàidhlig a' dol ann am bunsgoiltean, agus ann a bhith a' tairgsinn Gàidhlig/ Foghlam tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean. Tha 11% den chloinn ann am Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil anns na sgoiltean aca. 'S iad sin:

Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Ear  
Comhairle Siorrachd Lannraig a-Deas  
Comhairle Siorrachd Lannraig a-Tuath

### 2.4 Buidheann C

Tha cuid de dh'ùghdarras anns nach eil mòran gluasad. Tha Foghlam tron Ghàidhlig eadar clasaichean 1-7 sa bhunsgoil, ach chan eil mòran fàs ann, agus ann an cuid de dh'àiteachan tha an suidheachadh gu math cugallach. Gu tric, tha duilgheadas luchd-teagaisg fhasdadh na thrioblaid agus na mhì-mhisneachadh, eadhon ged a bhiodh deagh rùn ann. Tha 6% den chloinn ann am Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil anns na sgoiltean aca. 'S iad sin:

Comhairle Aonghais  
Comhairle Baile Obar Dheathain  
Comhairle Inbhir Chluaidh  
Comhairle Shruighlea (agus Comhairle Chlach Mhanainn)  
Comhairle Siorrachd Air an Ear  
Comhairle Pheart agus Cheann Rois

### 2.5 Buidheann D

Tha ùghdarras eile far nach eil ullachadh fa chomhair Foghlam tron Ghàidhlig san sgoil ach a tha a' cur clann gu comhairlean eile airson Foghlam tron Ghàidhlig. Chan eil mòran iarrtasan bho phàrantan air a thighinn thuca, agus tha clann gan clàradh aig ùghdarras a tha faisg. Ann an cuid dhiubh sin tha beagan obair Gàidhlig a' dol aig ìre ro-sgoil no le luchd-ionnsachaidh sa bhunsgoil. 'S e Comhairle na h-Eaglaise Brice an aon chomhairle den fheadhainn a thill an ceisteachan a tha an rùn sgrùdadh a dhèanamh mu iarrtas air aonad Gàidhlig fhosgadh, agus a tha air a ràdh gu bheil iad an dùil margaidheachd a dhèanamh air buannachdan dà-chànanaidh. Tha e annasach, a thaobh cuid de na tha sa bhuidhinn seo, gu bheil fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig nas fhasa a lorg air na làraich-lìn aca na tha e air làraich cuid de na comhairlean a tha a' tairgse foghlam Gàidhlig. Tha dà chomhairle (Lodainn

an Ear agus Lodainn an Iar) ag innse far a bheil Foghlam tron Ghàidhlig ri fhaotainn am baile Dhun Eidinn o ro-sgoil gu àrdsgoil agus ag innse an taice a bheir a' chomhairle do leanabh a roghnaicheas ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.

'S iad na comhairlean a tha sa bhuidhinn seo:

Comhairle Fìobha  
Comhairle Lodainn an Ear  
Comhairle Lodainn an Iar  
Comhairle Meadhan Lodainn  
Comhairle na h-Eaglaise Brice  
Comhairle Siorrachd Air a-Tuath  
Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Iar  
Comhairle Siorrachd Rinnfriù an Ear  
Comhairle Siorrachd Rinnfriù

### **3. ÙGH DARRAIS IONADAIL – DEALBH-CHUNNTASAN**

3.1 Tha na dealbh-chunntasan a leanas air an cur ri chèile bhon fhiosrachadh a fhuairleadh bho chomhairlean, comhla ris an fhiosrachadh àireamhach a tha Bòrd na Gàidhlig a' cruinneachadh gach bliadhna. Chaidh ceisteachain chun nan comhairlean uile, agus bha cothrom ann còmhraidhean air leth fhaighinn ri cuid an dèidh làimh. Chaidh coimhead ri planaichean Gàidhlig chomhairlean, far an robh iad rim faotainn, agus ri làraich-lìn chomhairlean. Chaidh ceisteachan air leth gu comhairlean nach eil an-dràsta a' tairgsinn foghlam Gàidhlig, ach bha cuid nach deach an tilleadh. 'S iad na comhairlean anns a' chiad trì buidhnean ann an earrann 2 air a bheil iomradh nas mionaidiche air a thoirt seachad.

#### **3.2 Comhairle Baile Dhun Eideann**

Tha Foghlam tron Ghàidhlig air soirbheachadh gu math an Dun Eideann, bho thòisich e ann am Bunsgoil Chrois na Cìse, agus gu h-àraidh anns na bliadhnachan mu dheireadh. Chaidh an t-aonad a stèidheachadh le Comhairle Roinn Lodainn, agus nuair a chaidh an roinn a bhriseadh mar chomhairlean nas lugha, chum Comhairle Baile Dhun Eideann orra le Foghlam tron Ghàidhlig anns a' bhunsgoil, agus clann a' leantainn à sin gu Ardscoil Sheumais Gillespie. Bidh iad a' gabhail clann às na comhairlean eile a b' àbhaist a bhith ann an Roinn Lodainn, agus cuideachd clann à Fìobha agus, aig amannan, às na Crichean. A-nis bidh Bunsgoil Ghaidhlig air a fosgladh sa bhaile anns an Lùnastal 2013. San sgoil ùr, bidh comas aig a' Chomhairle dà shruth de 25 sgoilear a bhith air gach bliadhna sa bhunsgoil, ma gheibh iad luchd-teagaisg. Tha coltas gum bi an sgoil gu math làn, eadar sgoil-àraich agus bunsgoil, agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air na bhitheas de rùm ann do chloinn à roinnean eile. Tha leudachadh san amharc anns na tha de chuspairean air an tairgse tron Ghàidhlig san àrdsgoil, ma thèid aca air tidsearan fhastadh.

Tha Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhunsgoil (GLBS) ann an naoi sgoiltean, ann an sgrè-sgoile Ardscoil Sheumais Gillespie agus Ardscoil Tynecastle, le comas aig a' chlann cumail orra leis a' chuspair san àrdsgoil.

'S e cion luchd-obrach sgoil-àraich an duilgheadas as motha tha aig a' chomhairle an-dràsta. Tha iarrtas mòr airson àiteachan aig an ìre seo, le barrachd chloinne aig aois ro-thrì na tha de

dh'àiteachan san sgoil-àraich. Tha toil agus rùm aca dhaibh, ach chan eil gu leòr luchd-obrach aca.

### 3.3 Comhairle Baile Ghlaschu

Tha Foghlam tron Ghàidhlig air leth soirbheachail ann am baile Ghlaschu, gu h-àraidh bho ghluais obair bunsgoil agus àrdsgoil gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha iad a-nis aig an ìre 's nach mòr nach eil an sgoil làn a thaobh àiteachan bunsgoile, agus tha planaichean aig ìre adhartach airson bunsgoil Gàidhlig eile fhosgladh air taobh deas Abhainn Chluaidh ann an 2015. Tha foghlam ro-sgoil ann an trì àiteachan sa bhaile. Tha clann a' tighinn don Sgoil Ghàidhlig o ùghdarrais a bha uaireigin fo sgiath Chomhairle Roinn Srath Chluaidh, ach aig nach eil ullachadh Gàidhlig sna sgoiltean aca fhèin. Tha cuideachd clann a' tighinn thuca airson foghlam àrdsgoile bho chomhairlean faisg air làimh, aig nach eil Gàidhlig ann an àrdsgoiltean, ged a tha sin aca sa bhunsgoil. Tha cuid de phàrantan a' cur clann don Sgoil Ghàidhlig an àite an cur don aonad Gàidhlig as fhaisge orra, ma tha sin e nas goireasaiche dhaibh airson an cuid obrach fhèin.

Tha a' chomhairle am beachd cumail orra a' leudachadh chothroman air cuspairean Foghlam tron Ghaidhlig san àrdsgoil, anns a' phrògram fastaidh bhliadhanil.

Tha barrachd aire ga thoirt a-nis do chothroman do luchd-ionnsachaidh, le planaichean leudachadh air na sgoiltean a tha a' tairgse Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhunsgoil (GLBS). An-dràsta tha ceithir ann, ach thatar an dùil leudachadh gu dà sgoil a bharrachd gach bliadhna. Ged a bha Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh aig aon àm ann an suas ri trì àrdsgoiltean am baile Ghlaschu, chan eil sin ann an-dràsta. Airson cothrom a thoirt do chloinn a tha a' faighinn blasad Gàidhlig sa bhunsgoil, tha a' chomhairle an dùil Gàidhlig luchd-ionnsachaidh fheuchainn ann an aon àrdsgoil bhon t-seisean 2013-14, le rùn leudachadh gu sgoiltean eile.

### 3.4 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

Tha sia sgoiltean aig Comhairle Earra-Ghaidheal is Bhòid a tha a' tairgse Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil, agus tha dùil aon eile fhosgladh ann am Baile Eilidh. Tha a' chomhairle cuideachd an dùil sgoil-àraich Gàidhlig eile fhosgladh. A thuilleadh air an Oban agus Dun Omhainn, tha na sgoiltean air eileanan no an àite dùthchail, far a bheil an t-àireamh sluaigh ìosal, agus tha sin ag adhbhrachadh nach eil àireamhan àrda anns na h-aonadan. Tha trioblaidean le luchd-teagaisg fhastadh, no le dìth thidsearan solair a ghabhas àiteachan a tha bàn airson caochladh adhbharan, na thrioblaid leantainneach. Tha comas anns a' mhòr-chuid de sgoiltean tuilleadh sgoilearan a ghabhail ach, le mì-chinnt a thaobh luchd-teagaisg, tha e uaireannan duilich toirt air pàrantan an ceum a ghabhail gu Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha ullachadh ro-sgoile, eadar buidhnean saor-thoileach agus sgoiltean-àraich, anns a h-uile àite sa bheil Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil, ach ann an Tiriodh a-mhàin.

Tha comas aig a h-uile sgoilear a thig tro fhoghlam Gàidhlig sa bhunsgoil cumail orra le Gàidhlig mar chuspair san àrdsgoil, ach aig an àm seo chaneil cothrom cuspairean eile fhoghlam tron Ghaidhlig, ged a tha e an rùn na comhairle an suidheachadh sin a leasachadh.

Bha Earra-Ghàidheal agus Bòid gu mòr aig cridhe na h-obrach nuair a thòisich am prògram GLBS, agus tha sin a-nis a' dol ann an 50 de na 80 bunsgoiltean, le planaichean airson a

sgaoileadh chun a h-uile bunsgoil. Tha Gàidhlig mar chuspair do Luchd-ionnsachaidh ann an còig de na deich àrd-sgoiltean, agus tha iad ag amas air sin a leudachadh gu trì àrdsgoiltean eile.

### 3.5 Comhairle na Gaidhealtachd.

'S ann aig Comhairle na Gàidhealtachd as motha tha de sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig, le 784 san t-seisean seo sa bhunsgoil eadar 21 sgoiltean, agus aon dhiubh na Bunsgoil Gàidhlig. Tha comas aca suas ri 1066 a ghabhail, nan soirbhicheadh oidhirpean brosnachaidh agus tha rùn aca gach oidhirp a dhèanamh gus na h-àiteachan falamh a lionadh. Gidheadh, feumar tuigsinn gu bheil cuid de na sgoiltean anns a bheil àiteachan falamh ann an sgìrean iomallach far a bheil an t-àireamh chloinne ìosal, agus 's iongantach gun gabh gach beàrn falamh a lionadh. Ged a tha Foghlam tron Ghàidhlig air a sgaoileadh an ìre mhath cothromach tron Ghàidhealtachd, 's e roinn air leth farsaing a tha ann, le astar fada siubhail na dhuilgheadas ann an iomadh àite, agus tha grunnan sgìrean ann far nach eil cothrom aig cloinn a dhol gu sgoil no aonad Gàidhlig. A' coimhead ri àrd-sgoiltean agus na bunsgoiltean tha an co-cheangal riutha, tha naoi sgìrean-sgoile far nach eil Foghlam tron Ghàidhlig an-dràsta sa bhunsgoil. Ann an cuid dhiubh gheibh clann cothrom air Foghlam tron Ghàidhlig ann an sgìrean-sgoile faisg air làimh. Chan eil a' chomhairle air a bhith saor o thrioblaidean cion luchd-obrach agus le bhith a' tarraing sgoilearan gu Foghlam Gàidhlig.

Tha a' chomhairle air obair mhionaideach a dhèanamh o chionn ghoirid airson an dòigh adhart le foghlam Gàidhlig a dhealbh, gus ullachadh cunbhalach agus leantainneach a thogail air deagh bhunait. Tha planaichean aig a' chomhairle dà bhunsgoil Gàidhlig eile fhosgladh, aon am Port Rìgh agus tè sa Ghearastan, tha iad a' coimhead ri leudachadh air Bunsgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, agus a' coimhead ri aonad Gàidhlig ùr fhosgladh an Inbhir Theòrsa. Tha an aon phatran ri fhaicinn ann am Bunsgoil Ghaidhlig Inbhir Nis agus ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, le àireamhan a' dol an-àirde, agus, an Inbhir Nis, tha sin a dh'aindeoin trioblaid ceannard fhadstadh don sgoil. Tha sin mar fhianais gur e sgoil Ghàidhlig an dòigh as èifeachdaiche air clann a chosnadh ann an suidheachadh baile mòr. Tha àireamhan fallain san sgoil-àraich an Inbhir Nis, agus mar sin tha an suidheachadh a' coimhead gealltanach a thaobh àrdachadh àireamhan.

Anns na bailtean far a bheil planaichean bunsgoiltean Gàidhlig fhosgladh tha àireamhan bunsgoile agus sgoil-àraich fallain nam misneachd airson tuilleadh soirbheachaidh. A' coimhead ri àireamhan sgoil-àraich, tha mu shia bunsgoiltean eile far a bheil coltas piseach, ma leanas a' chlann a tha san sgoil-àraich orra gu Foghlam tron Ghàidhlig. Tha an còrr, cuid dhiubh ann an àiteachan iomallach, air a bhith an ìre mhath an aon rud bliadhna an dèidh bliadhna. Tha an suidheachadh a' coimhead cugallach ann an dà bhunsgoil. A-rithist tha iad sin an àiteachan iomallach, far a bheil an t-àireamh chloinne san sgìre ìosal.

Tha Gàidhlig mar chuspair air a thairgsinn ann an 12 àrdsgoiltean, agus tha cothrom aig clann às gach sgoil far a bheil Foghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil leantainn orra leis a' chànan, anns an sgìre aca fhèin no le bhith siubhal a dh'Inbhir Nis. Ann an ochd de na h-àrdsgoiltean sin, tha cuspairean air an tairgsinn tron Ghàidhlig, cuid aig a' chiad dà bhliadhna, agus suas gu ìre teisteanas na ceathramh bliadhna ann an ceithir sgoiltean. Tha eadar a h-aon agus a h-ochd cuspairean air an tairgse air a' chiad dà bhliadhna.

Tha GLBS ri fhaotainn ann an 59 bunsgoiltean a-mach à 182, agus tha cùrsaichean Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh ann an 12 àrdsgoiltean, a-mach à 29. Ann an 6 de na sgoiltean sin tha cothrom aig a' chloinn cànan Eòrpach eile a dhèanamh còmhla ri Gàidhlig, agus chan eil

aig na sgoilearan ri taghadh a dhèanamh eadar Gàidhlig agus cànan eile. Tha trì de na sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg anns nach eil cùrsaichean luchd-ionnsachaidh. Tha trì sgoiltean, taobh Inbhir Nis, le Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh a-mhàin, ach tha cothrom aig sgoilearan Gàidhlig a dhèanamh ann an sgoil eile. Tha a' chomhairle a' coimhead ri leudachadh agus neartachadh an dà chuid ann am bunsgoiltean agus an àrdsgoiltean.

Eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh tha 21% de na sgoilearan eadar AS1-AS6 anns an roinn air fad a' dèanamh cùrsaichean Gàidhlig.

### 3.6 Comhairle nan Eilean Siar

Tha cothrom air a bhith aig gach pàiste sna h-Eileanan an Iar a dhol gu Foghlam tron Ghàidhlig, ann an sgoiltean sgìre, o chionn iomadh bliadhna. Tha an t-àireamh sgoiltean agus aonadan Gàidhlig air lùghdachadh an lùib leasachadh air an oighreachd sgoile, ach tha piseach anns na h-àireamhan ann an cuid de sgoiltean, seach nach eil aig pàrantan a-nis ri dhol seachad air an sgoil as fhaisge nuair a thaghas iad Foghlam tron Ghàidhlig. Tha an leasachadh oighreachd sin fhathast a' dol air adhart. An-dràsta tha aonadan Gàidhlig ann an 21 de na 27 bunsgoiltean. Ged nach eil iad gu h-oifigeil air an ainmeachadh mar sgoiltean Gàidhlig, tha dà sgoil anns nach eil clàradh Beurla agus tha a' chlann gu leir ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Tha a h-uile coltas gum bi aon sgoil eile gu tur Gàidhlig o Lunastal 2013. Tha ceithir sgoiltean far a bheil eadar 59% agus 82% anns an aonad Gàidhlig, agus ceithir eile far a bheil mu leth nan sgoilearan air taobh na Gàidhlig. Chaidh aon aonad ath-bheothachadh ann an 2012, ann an sgìre iomallach le glè bheag de chloinn, le bhith a' cur nan tràth bhliadhnachan agus an sgoil-àraich còmhla. Tha a' chomhairle a' coimhead ris an aon dòigh fheuchainn ann an sgìre iomallach eile.

Tha a' chomhairle air targaidean dùbhlanaich a chomharrachadh airson 55% de sgoilearan P1 a' dol taobh na Gàidhlig mu 2015, ag èirigh bho 30% ann an 2012-13, agus ag obair gu 70% an dèidh sin. Tha coltas gealltanach airson piseach, a thaobh àireamhan sa cheud, ach leis an àireamh chloinne a' tuiteam, dh'fhaodadh ìsleachadh àireamhan a bhith ann. Tha fiosrachadh mu àireamhan chloinne a ruigeas ìre bunsgoile o 2014 a' nochdadh gu bheil ìsleachadh ann de 14% bhon àireamh a tha air P1 ann an 2012. Tha na figearan a' tighinn bho àireamhan na cloinne a rugadh sna h-eileanan, ach bidh imrich a-mach 's a-steach buailteach atharrachadh a thoirt, suas no sìos. 'S ann anns na coimhearsnachdan ionnsachaidh as taiceile don Ghàidhlig tha an ìsleachadh a' tachairt.

Tha soirbheachadh le àrdachadh àireamhan ri fhaicinn gu sonraichte air taobh a-muigh Leòdhais, ach tha an dùbhlanaich as motha ann an Coimhearsnachd Ionnsachaidh an Loch-a-Tuath, mun cuairt baile Steòrnabhagh, far a bheil an t-àireamh chloinne as àirde, ach far nach deach ach 22% gu P1 Gàidhlig ann an 2012. Anns na ceithir Coimhearsnachdan Ionnsachaidh eile tha barrachd taice don Ghàidhlig le figearan eadar 40% agus 67%, ach 's fhiach mothachadh ann an aon dhiubh sin nach do thòisich ach seachdnar chloinne uile gu lèir, eadar trì sgoiltean, agus eadar an dà chànan.

Tha rùn agus comas aig a' chomhairle airson leasachadh, agus faodaidh sin tachairt leis an ionmhas a tha ann an-dràsta, oir cha bhi an t-àireamh chloinne gu h-iomlan ann an sgoiltean fa leth a' dol an-àirde, 's mar sin gabhaidh rùm agus luchd-teagaisg a rian da rèir. Tha ro-innleachd airson rianachd luchd-teagaisg air aontachadh a chuidicheas gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg Gàidhlig gu leòr ann. Tha sin air an innse nas mionaidiche ann an 7.2 gu h-ìosal.



Tha cuid de sgrèan far nach eil ach Gàidhlig ri fhaotainn ann an sgoiltean-àraich agus buidhnean saor-thoileach, ach chan eil seo daonnan a' ciallachadh gu bheil clann a' toirt an ath cheum gu Foghlam tron Ghàidhlig. A dh'aindeoin sin, 's e dòigh obrach tha seo as fhiach cumail ris, nuair a chithear an t-àrdachadh ann ann an àireamhan sa cheud a' dol taobh na Gàidhlig às na sgoiltean-àraich sin.

'S ann sna h-Eileanan an Iar a thòisich Foghlam tron Ghàidhlig san àrdscoil an toiseach, ann an 1983, le dà chuspair ann an dà àrdscoil sa chiad dà bhliadhna. Tha an dà sgoil sin air cumail orra a' teagasg tron Ghaidhlig an ìre mhath cunbhalach. Tha an t-àireamh iomlan de sgoilearan anns an dà sgoil sin air a dhol sìos gu mòr, agus ann an 2012-13, tha aon dhiubh far nach eil clas tro mheadhan na Gàidhlig, ach Gàidhlig mar chuspair. Tha teagasg tron Ghàidhlig ri fhaotainn ann an trì de na ceithir àrdsgoiltean eile, le atharrachadh suas agus sìos mar a tha luchd-teagaisg annta a libhrigeas e, agus piseach ri fhacinn gu h-àraidh anns a' chiad dà bhliadhna. Tha a' chomhairle a' coimhead ri modhan eleactronaigeach airson an tuilleadh leudachaidh, agus gu h-àraidh airson cothrom a thoirt anns an aon sgoil far nach eile luchd-teagaisg a libhrigeas e air an làrach.

Tha Gàidhlig mar chuspair anns na 6 àrd-sgoiltean, agus a h-uile sgoilear fileanta sa chiad dà bhliadhna a' dèanamh Gàidhlig agus cànan eile, le cothrom cumail orra gu ìre teisteanais. Tha GLBS anns na 27 bunsgoiltean, agus cothrom aig gach sgoilear cumail orra le Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh comhla ri cànan eile san àrdscoil agus cuideachd le cothrom cumail orra gu ìre teisteanais. Eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, tha 58% de sgoilearan eadar AS1-AS6 san roinn a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig.

### 3.7 Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Ear

Tha aon sgoil-àraich agus bunsgoil le Foghlam tron Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd Dhun Bhreatainn an Ear, agus an t-àireamh chloinne aig ìre 20% de na sgoilearan san sgoil. Tha cothrom aig sgoilearan cumail orra le Ghàidhlig mar chuspair san àrdscoil, ach aig an àm seo chan eil cuspairean eile gan teagasg tron Ghàidhlig. Tha e nan rùn an t-àireamh sgoilearan a tha a' cumail orra le Gàidhlig san àrdscoil. Tha comas aca mu 40 sgoilear eile a ghabhail eadar P1-7 leis an ullachadh a tha aca an-dràsta àrdachadh. Tha e nan rùn sgoil-àraich a ruith air feasgair, ma bhitheas iarrtas ann.

Tha 10 bunsgoiltean a' tairgsinn GLBS, ach aig an àm seo chaneil cothrom aca cumail orra le Gàidhlig san àrdscoil. Dh'fheumadh iad neach-teagaisg eile airson seo a thòiseachadh.

### 3.8 Comhairle Siorrachd Lannraig a-Deas

An-dràsta tha aon sgoil-àraich agus bunsgoil le Foghlam tron Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd Lannraig-a-Deas, a tha a' gabhail clann bho air feadh na roinne. Tha an t-aonad soirbheachail agus an-dràsta tha 37% de sgoilearan anns na clasaichean Gàidhlig. B' urrainn dhaibh mu 33 sgoilearan eile a ghabhail, o P1-7, ach dh'fhaodadh cosgaisean siubhail a bharrachd a bhith an luib sin. 'S urrainn don chloinn cumail orra le Gàidhlig mar chuspair san àrdscoil. Ged nach eil cuspairean eile air an tairgsinn tron Ghàidhlig san àrdscoil, tha cuid de sgoilearan na siorrachd a' roghnachadh a dhol gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu airson foghlam àrdsgoile, agus tha a' chomhairle a' toirt taice ionmhasail dhaibh gu sin a dhèanamh.

Chan eil plana sam bith aig a' chomhairle airson GLBS no airson chùrsaichean do luchd-ionnsachaidh ann an àrdsgoiltean.

### 3.9 Comhairle Siorrachd Lannraig a-Tuath

An-dràsta tha aon bhunsgoil le Foghlam tron Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd Lannraig-a-Tuath, ann an aonad air leth soirbheachail, le 61% de na sgoilearan san sgoil sin ann am foghlam Gàidhlig. Tha sgoil-àraich an cois na sgoile. Tha an sgoil ann an ceann-a-tuath na roinne, agus tha a' chomhairle a' coimhead ri aonad eile fhosgladh sa cheann-a-deas, far a bheil cròileagan agus sgoil-àraich Gàidhlig, ma bhitheas ionmhas ri fhaotainn. Tha cothrom aig sgoilearan cumail orra le Ghàidhlig san àrdsgoil, an dà chuid mar chuspair agus le sia cuspairean air an tairgsinn tron Ghàidhlig sa chiad dà bhliadhna. Tha leantainneachd fìor mhath o bunsgoil gu àrdsgoil, le coltas gu bheil na sgoilearan uile a' cumail orra leis a' chànan nuair a ghluaiseas iad.

Tha aon bhunsgoil a' tairgsinn GLBS, agus ann an 2012-13, airson a' chiad uair, tha buidheann beag de luchd-ionnsachaidh air a' chiad bhliadhna san àrdsgoil.

### 3.10 Comhairle Aonghais

Tha aon bhunsgoil anns a bheil aonad Gàidhlig aig Comhairle Aonghais. Tha an t-aonad ann am bunsgoil mòr, agus chan eil ach 2% de na sgoilearan a' dol taobh na Gàidhlig. Cha do thòisich duine às ùr air an t-seisean seo, agus ged a b' àbhaist sgoil-àraich a bhith ann, chan eil i a' ruith am-bliadhna. Tha cothrom aig sgoilearan cumail orra le Ghàidhlig mar chuspair san àrdsgoil, ach chan eil sgoilearan a' cumail orra le Gàidhlig aig àm taghadh eadar chuspairean. Tha plana Gàidhlig na comhairle a nochdadh rùn an tuilleadh a dhèanamh gus clann a thàladh gu Gàidhlig. Tha duilgheadas le luchd-obrach fhadstadh air a bhith na thrioblaid.

Chan eil ullachadh sam bith airson Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sna sgoiltean.

### 3.11 Comhairle Baile Obar Dheathain

Tha aon bhunsgoil anns a bheil aonad Gàidhlig aig Comhairle Baile Obar Dheathain, le àrdachadh ann an 2012 air an àireamh chloinne air P1, ach tha an t-àireamh san sgoil-àraich ìosal. Bhiodh comas aca beagan a bharrachd a ghabhail air taobh a-staigh nan goireasan a tha aca. Tha a' chomhairle an-dràsta a' dèanamh leirmheas air an oighreachd sgoile agus nam biodh àrdachadh ann an iarrtas air Gàidhlig, dh'fheumadh iad sin fhilleadh a-steach do phlanaichean an àm ri teachd. 'S urrainn don chloinn cumail orra le Gàidhlig mar chuspair san àrdsgoil, ach tha na h-àireamhan ìosal. Chan eil cuspairean eile rim faotainn tron Ghàidhlig, agus chan eil ullachadh airson Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sna sgoiltean.

Tha an roinn a' comharrachadh gainnead luchd-obrach Gàidhlig, an dà chuid aig ìre sgoile agus airson obair leasachaidh sa chomhairle, mar thrioblaidean.

### 3.12 Comhairle Inbhir Chluaidh

Tha aon bhunsgoil, le sgoil-àraich na luib, anns a bheil aonad Gàidhlig aig Comhairle Inbhir Chluaidh, agus tha beagan sgoilearan a' tighinn bho Chomhairle Siorrachd Air-a-Tuath. Dhùin an sgoil anns an robh an t-aonad san Ogmhios 2012, agus ghluais an t-aonad gu sgoil tur ùr faisg air làimh. Chan eil mòran comais tuilleadh sgoilearan a ghabhail an-dràsta. Tha trioblaidean le luchd-teagaisg fhadstadh air bacadh a chur air leudachadh, ach tha iad a' meas nach eil mòran de dh'iarrtas a bharrachd ann airson Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha sgoilearan a tha airson cumail orra le Gàidhlig san àrdsgoil a' frithealadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, le taice siubhail bhon chomhairle.

Chan eil Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh air a thairgse idir.

### 3.13 Comhairle Shruighlea agus Chlach Mhanainn

Tha aon bhunsgoil, ann an Sruighlea, anns a bheil aonad Gàidhlig aig an dà chomhairle seo a tha ag obair an co-bhonn a thaobh foghlam. Tha comas aca beagan a bharrachd chloinne a ghabhail leis na goireasan a tha aca. Tha aon bhuidheann ro-sgoile ann, ann an Siorrachd Chlach Mhanainn. 'S urrainn don chloinn cumail orra le Gàidhlig mar chuspair san àrdsgoil, ach chan eil cuspairean eile air an tairgsinn tron Ghàidhlig.

Chan eil Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh air a thairgse idir.

### 3.14 Comhairle Siorrachd Air an Ear

Tha aon sgoil-àraich agus aon bhunsgoil anns a bheil aonad Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Air an Ear, agus tha cothrom aig na sgoilearan cumail orra le Gàidhlig mar chuspair agus mar mheadhan teagaisg san àrd-sgoil. Chan eil comas aca àireamh nas àirde a ghabhail sa bhunsgoil, ach nam biodh luchd-teagaisg gu leòr aca, dh'fhaodadh iad mu 20 a ghabhail san àrdsgoil. Tha trioblaidean air a bhith aca le luchd-obrach fhastadh.

Tha clas do luchd-ionnsachaidh san àrdsgoil a' dol ann an 2012 airson a' chiad uair.

### 3.15 Comhairle Pheart agus Cheann Rois

Tha dà aonad aig Comhairle Pheart agus Cheann Rois, aon a thòisich ann an 2011. Tha na h-àireamhan iosal, agus mar sin tha àite ann airson tuilleadh chloinne a ghabhail. Tha an suidheachadh aca cugallach, agus dith luchd-obrach ag obair an aghaidh rùn na comhairle leudachadh a thoirt air an aonad ùr, agus an t-aonad eile a chumail fosgailte, ged a tha suidheachadh fastaidh a-nis a' coimhead nas dòchasaiche. Tha aon sgoil-àraich ann. Tha buidheann saor-thoileach ro-sgoil ann am pàirt den sgìre nach eil faisg air na h-aonadan sin. Tha cothrom aig sgoilearan às an dà aonad cumail orra le Gàidhlig mar chuspair san àrdsgoil.

Tha 6 sgoiltean anns a bheil GLBS agus tha clasaichean luchd-ionnsachaidh ann an dà àrdsgoil.

## **4 TUAIMSEAN AIR ÀRDACHADH ÀIREAMHAN A' DOL GU P1**

4.1 Cha tàinig fiosrachadh mionaideach bho chuid de chomhairlean, oir aig amannan cha robh targaidean àireamhach aca air an cur rompa fhèin, agus bha cuid nach robh misneachail mu thuairmsean a dhèanamh. Bha cuid nach do chuir fios air ais do iarrtasan a chaidh thuca airson tuilleadh soilleireachaidh air am freagairtean.

Mar sin, tha na h-àireamhan a tha an seo stèidhichte air na leanas, agus 's e fàidheadaireachd a tha annta seach figearan cinnteach:

- fiosrachadh thuairmsean bho chomhairlean;
- far nach robh fiosrachadh air a thoirt, ag obair air àireamhan abhaisteach agus àireamhan chloinne ann an sgoiltean àraich no buidhnean ro-sgoile;
- tuairmsean stèidhichte air planaichean chomhairlean;

- beagan air a chur ri àireamhan le dòchas gun tig piseach ann an suidheachadh luchd-obrach, agus gum biodh tuilleadh air a dhèanamh a thaobh margaidheachd Foghlam tron Ghàidhlig, gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

#### 4.2 Tuairmse 2013-17 (A)

Tha na h-àireamhan gu h-ìosal stèidhichte air maoinachadh mar a tha e an-dràsta, ach a' gabhail a-steach planaichean adhartachaidh.

Comhairle	2013/14	2014/15	2015/16	2016/17	2017/18
Aonghas	1	0	2	2	2
Comh na Gaidhealtachd	145	150	150	155	155
Comh nan Eilean Siar	108	100	118	125	130
Dun Eideann	46	50	50	50	50
Earra-Ghaidheal & Bòid	30	30	30	30	30
Glaschu	80	105	105	105	105
Inbhir Chluaidh	5	5	5	5	5
Obar Dheathain	4	4	4	5	5
Peart & Ceann Rois	0	4	4	4	4
Siorrachd Air an Ear	7	8	5	5	5
Sd Dh-Breatainn an Ear	7	9	9	10	11
Sd Lannraig a Deas	25	16	9	16	9
Sd Lannraig a Tuath	29	29	29	29	29
Sruighlea	9	4	7	9	4
	<b>496</b>	<b>514</b>	<b>527</b>	<b>550</b>	<b>544</b>

#### 4.3 Tuairmse 2013-17 (B)

Tha na h-àireamhan anns a' chlàir seo stèidhichte air tomhais de dh'ionmhas a bharrachd a bhith ri fhaotainn, far a bheil àrdachadh an crochadh air sin, agus planaichean agus targaidean, leithid sgoiltean ùra, a' tighinn gu buil. 'S fhiach toirt fanear nach robh cuid de chomhairlean deònach tuairmsean stèidhichte air ionmhas neo-chinnteach a thoirt seachad, air sgàth thrioblaidean eachdraidheil le cion luchd-obrach. Cha robh iad a' meas iomchaidh a bhith dòchasach gun fhios an tigeadh planaichean leudachaidh gu buil. Bidh tuilleadh àrdachaidh an crochadh air soirbheachadh ann an iomairtean airson àireamhan luchd-teagaisg àrdachadh, agus dè cho soirbheachail 's a bhitheas iomairtean margaidheachd.

Comhairle	2013/14	2014/15	2015/16	2016/17	2017/18
Aonghas	2	2	2	2	2
Comh na Gaidhealtachd	145	165	177	190	195
Comhairle	2013/14	2014/15	2015/16	2016/17	2017/18
Comh nan Eilean Siar	110	100	118	125	130
Dun Eideann	46	50	50	50	50
Earra-Ghaidheal & Bòid	30	30	30	35	35
Glaschu	80	105	105	105	105
Inbhir Chluaidh	5	5	5	5	5
Obar Dheathain	7	7	7	7	8
Peart & Ceann Rois	5	5	5	5	5
Siorrachd Air an Ear	7	8	5	5	5

Sd Dh-Breatainn an Ear	7	14	14	16	17
Sd Lannraig a Deas	25	30	25	28	19
Sd Lannraig a Tuath	30	40	40	40	40
Sruighlea	9	9	9	11	11
	<b>508</b>	<b>570</b>	<b>592</b>	<b>624</b>	<b>629</b>

## 5 FEUMALACHDAN AIRSON ÀRDACHADIDH AGUS LEUDACHAIDH.

Cha robh cuid de chomhairlean ro dheònach feumalachdan leudachaidh a shonrachadh no tuairmsean chosgaisean a dhèanamh, ged as dh'ainmich cuid feumalachdan eadar luchd-obrach, togalaichean, goireasan eile agus comhdhàil. Ged as urrainn figearean a thoirt mu chosgaisean luchd-obrach, cha ghabh sin a dhèanamh le cinnt a thaobh thogalaichean, oir tha cosgaisean gu math eadar-dhealaichte bho àite gu àite, a rèir meud na h-obrach a bhitheas ri dhèanamh. Bha an fheadhainn a thug fiosrachadh na bu mhionaidiche aig ìre nas adhartache nan ro-innleachdan leudachaidh, agus b' urrainn dhaibh a bhith na bu chinntiche mu fheumalachdan. Seo na planaichean a tha aig ìre adhartach, agus tomhais de dh'fhiosrachadh air feumalachdan na tha san amharc.

Comhairle	Planaichean	Feumalachdan	Cosgais
Comhairle na Gaidhealtachd	Aonad ùr: Inbhir Theòrsa  Sgoiltean Ghaidhlig: An Gearastan; Port Rìgh Leudachadh: Bunsgoil Ghaidhlig Inbhir Nis. Roinn ùr Gàidhlig an Ardsgoil Rìoghail Inbhir Nis	Luchd-teagaisg  Luchd-taice Togalaichean Comhdhail	£40173 airson tidsear  Aig an ìre seo chan eil àireamhan/cosgaisean mu choinneimh nam feumalachdan, oir tha obair fharsaing a' dol a thaobh na ghabhas dèanamh.
Dun Eideann	Sgoil ùr a' fosgladh Lùnastal 2013, agus dòchas dà chlas a ruith air gach bliadhna – P1-7.	Sgoil ath-sgeadaichte. Ceithir puist ùra a dhìth.	Airgead calpa air fhaotainn. A' chomhairle fhèin a' seasamh cosgais luchd-teagaisg.
Earra Ghaidheal is Bòid	Aonad ùr: Dun Omhainn Sgoil-araich as ùr	Chan eil fiosrachadh air a thoirt mu fheumalachdan.	Cha tugadh fiosrachadh mu chosgaisean. £80346 airson 2 thidsear.
Comhairle	Planaichean	Feumalachdan	Cosgais
Glaschu	Sgoil Ghaidhlig: Pollokshields	Togalach ath-sgeadaichte. Luchd-obrach	Tha ionmhas calpa air a chomharrachadh fa chomhair na sgoil ùr. Bidh feum air taice bho Thabhartasan Sonraichte nuair a thòisichear a' fastadh luchd-obrach, gus an ruig an sgoil an ìre anns am bi per capita gu leòr airson a

			cumail a’ dol.
Lannraig-a-Tuath	Aonad ùr: taobh deas na roinne	Aon Prìomh Thidsear agus dà thidsear nuair a bhitheas an t-aonad aig làn neart.  Leasachadh togalaich	£40173x 2 airson luchd-teagaisg; £49704 airson Prìomh Thidsear  £20,000
Dun Bhreatainn an Ear	Nam biodh tuilleadh ionmhas ri fhaotainn b’ urrainn leudachadh air an àireamh chloinne. Tidsear airson Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh san àrdsgoil.	1 tidsear 1 neach-taice. Comhdhail	£40173 airson tidsear. £16000 airson neach-taice.  £40173
Comhairle nan Eilean Siar	Leudachadh an % a’ taghadh Foghlam tron Ghàidhlig. (Bho 30% an toiseach gu 55% agus 70% an deidh sin.	Ro-innleachdan an-sàs airson leasachadh.	Air taobh a-staigh ionmhas na Comhairle

## 6 A’ TARRAING CLANN A-STEACH GU FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG.

6.1 Tha an suidheachadh o chionn bhliadhnachan a’ sealltainn gum faod deagh rùn a bhith aig comhairlean mun Ghàidhlig, agus gum faod iad a bhith a’ dèanamh an dìchill gus àireamhan àrdachadh, ach nach eil sin fhèin gu leòr airson an t-àrdachadh a thoirt gu buil. A dh’aindeoin sin, chan eil e na iongantais gur e na comhairlean as motha tha a’ feuchainn de dh’innleachdan airson teachdaireachd mu bhuannachdan dà-chànanais a lìbhrigeadh as soirbheachaile ann a bhith a’ togail àireamhan. Tha pàrantan a bhith gu dian a’ putadh airson leudachadh a’ toirt toradh cuideachd.

### 6.2 Aithisg Luchd-sgrùdadh 2011

Tha aithisg Luchd-sgrùdadh na Banrigh airson Foghlam, a chaidh fhoillseachadh san Ogmhios 2011 : Gaelic education: Building on the successes, addressing the barriers, a’ togail phuingean mar a leanas:

- gu bheil soirbheachadh ann nuair a tha co-obrachadh eadar pàrantan agus luchd-teagaisg, agus nuair a tha taice dhaibh bho sgoiltean agus ùghdarras
- cho fìor chudromach ’s a tha an dòigh anns a bheil ceannardan sgoile agus comhairlean a’ dèanamh an dleistanais;
- cho do-sheachainte feumail ’s a tha e a bhith a’ cumail fiosrachaidh mu bhuannachdan agus cothroman dà-chànanais ri pàrantan ann an dòighean leantainneach;
- cho deatamach ’s a tha e gum bi goireasan ro-sgoile, aig ìrean *Pàrant is Pàiste, Cròileagan* agus *Sgoil-àraich* air an leudachadh airson a’ chiad blasad a thoirt do chloinn den chànan.

### 6.3 Dòighean margaidheachd agus taice

Tha an aithisg ainmichte an 6.1 gu h-àrd ag innse cho riatanach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil pàrantan làn-fhiosrach mu bhuannachdan Foghlam tron Ghàidhlig. Tha comhairlean a' dèanamh seo ann an caochladh dhòighean, mar a sheall freagairtean nan ceisteachan.

Tha grunnan innleachdan gan cleachdadh le ùghdarras agus bha an fheadhainn bu shoirbheachaile a' cleachdadh a' mhòr-chuid de na leanas:

- bileagan fiosrachaidh;
- làithean fosgailte;
- Gàidhlig a' nochdadh ann am fiosrachadh clàraidh;
- làithean fiosrachaidh agus làithean/gnìomhan fealla-dhà;
- sanasan an àitean pòballach;
- sanasan anns na meadhanan /brathan naidheachd;
- fiosrachadh air làraich-lìn;
- ceanglaichean eadar ro-sgoil agus bunsgoil.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar le chèile a' cur litir bho Stiùiriche an Fhoghlaim gu pàrantan ro àm clàraidh, An co-bhonn le Comann na Gàidhlig tha id a' fastadh oifigear pàirt-ùine airson margaidheachd, eadar tadhal bhuidhnean ro-sgoil, agus a' cur air dòigh làithean agus gnìomhan feall-dhà agus fiosrachaidh. Anns na ceithir bliadhna mu dheireadh, le aonta Bòrd na Slàinte tha iad air a bhith a' toirt pasgan le fiosrachadh agus tiodhlacan do phàrantan gach leanabh a tha air a bhreith sna h-eileanan. Tha seo fo stiùir an oifigeir pàirt-ùine.

Cha mhòr nach tuirt a h-uile comhairle gun robh fiosrachadh air na làraich-lìn aca, ach ged a bha cuid de na làraich sin a bha fìor mhath, agus a' toirt deagh fhiosrachadh mu bhuannachdan dà-chànanaise, cha robh am fiosrachadh daonnan furasta a lorg. 'S e raon a tha seo anns am faodadh comhairlean mòran a bharrachd a dhèanamh, oir ge bith dè tha duine a' lorg san la-an-diugh, tha duine a' coimhead an toiseach air an eadar-lìon. Bha an t-eadar-dhealachadh bu mhotha cuideachd ri fhaicinn air làraich-lìn nan sgoiltean fhèin, far an robh cuid a' toirt deagh àite don Ghàidhlig, agus cuid eile nach robh mòran ach ag ainmeachadh gu bheil Gàidhlig san sgoil.

Feumaidh comhairlean agus sgoiltean sgur a chleachdadh am facal "mainstream" airson Foghlam tron Bheurla, a tha a' nochdadh air cuid de làraich-lìn, oir tha am facal a' toirt teachdaireachd gu bheil rudeigin neònach mun Ghàidhlig. Chan eil e a' nochdadh cho tric 's a b'abhaist, ach tha e fhathast ann. Far a bheil an dà shlighe san sgoil bu chòir a bhith a' cleachdadh "sruth Beurla" agus "sruth Gàidhlig", no rudeigin coltach ri sin.

A thuilleadh air cho cudromach 's a tha obair chomhairlean ann am margaidheachd, tha aithisg an Luchd-Sgrùdaidh cuideachd a' toirt àite bunaiteach do cheannardan-sgoile anns an iomairt margaidheachd. Far a bheil ceannardan-sgoile gu dìcheallach a' moladh Foghlam tron Ghàidhlig do phàrantan, agus a' cur Gàidhlig aig cridhe obair na sgoile, tha a bhuil ri fhaicinn mar as trice. Tha ceannardan-sgoile a tha taiceil air leth cudromach ann an suidhichidhean far a bheil an t-aonad Gàidhlig beag, agus far am faod tidsearan – aig amannan tidsearan òga – a bhith a' faireachdainn air an iomall an da chuid san sgoil fhèin agus fada bho thidsearan Gàidhlig eile. Tha cuid de thidsearan air fulang naimhdeas agus tàire bho luchd-obrach Beurla anns an sgoil, agus tha seo na dhì-mhisneachadh dhaibh. Air an làimh eile, tha tomhais de dh'fhiosrachadh air nochdadh gu bheil cuid de sgoiltean a'

faireachdainn gum faodadh a' chomhairle aca a bhith a' dèanamh barrachd airson inbhe na Gàidhlig àrdachadh san sgìre.

Chan eil teagamh nach eil soirbheachadh ann an àireamhan ann an aonad/sgoil na dhòigh cumhachdach margaidheachd dhe fhèin, agus cuideachd far a bheil spionnadh bho phàrantan a' cur ìmpidh air comhairlean airson tuilleadh leasachaidh, tha sin a' tàladh tuilleadh phàrantan a-steach.

Tha e furasta fhaicinn gu bheil sgoiltean Gàidhlig ann am bailtean mòra soirbheachail agus gu bheil iad dhiubh fhèin nan tarraing do phàrantan. Bìtear an dòchas gum bi sgoiltean Gàidhlig ann an àiteachan nas lugha a cheart cho tarraingeach. Anns na h-Eileanan an Iar, tha rannsachaidhean agus co-chomhairleachadh a measg phàrantan barrachd air aon uair air togail nach eil miann aca air sgoil Ghàidhlig, agus iad a' faicinn cunnart sgaraidh ann an coimhearsnachdan beaga. Nuair a tha sgoil ionadail le deagh chliù ann, a tha a' tairgsinn Foghlam tron Ghàidhlig, agus a tha ann an togalach ùr no togalach a tha ann an deagh staid, chan eil iad a' faicinn adhbhar a dhol seachad oirre. Dh'fheuch a' Chomhairle ann an 2008 ri sgoiltean far an robh aonadan fallain a thionndadh nan sgoiltean Gàidhlig a-mhàin, ach bha a' choimhearsnachd fada an aghaidh seo, agus cuid dhiubh sin aig an robh clann anns an aonad Gàidhlig. Ach, ann an cuid de na sgoiltean sin, cha deach clann taobh na Beurla on uair sin, agus chan eil fhios nach do rinn na h-argamaidean a chuireadh air adhart às leth na Gàidhlig feum a thaobh margaidheachd. Tha na sgoiltean sin a-nis a' tairgsinn clàradh Gàidhlig a-mhàin. Faodar uaireannan an ceann-uidhe a ruighinn tro sheòltachd seach sparradh.

A thuilleadh air cho feumail 's a tha margaidheachd dheth fhèin, tha iomairtean eile a' dol a tha nan taice do mhargaidheachd. Tha cuid de chomhairlean, uaireannan an co-bhonn le buidhean Gàidhlig eile, a' cur iomairtean air chois mar thaice do phàrantan aig nach eil Gàidhlig: iomairtean leithid clasaichean do phàrantan, taice le obair dachaigh, agus taice air-loidhne nam measg. As aonais an fhiosrachaidh a tha pàrantan a' faighinn agus an taice tha ann dhaibh an uair a nì iad an taghadh, chan eil teagamh sam bith nach biodh na h-àireamhan mòran nas ìsle na tha iad.

#### 6.4 Bacaidhean air àrdachadh

Tha pàrantan, feadhainn le Gàidhlig, agus feadhainn gun an cànan, a tha air leth toilichte airson an taghadh a rinn iad nuair a ròghnaich iad Foghlam tron Ghàidhlig don cuid chloinn. Tha feadhainn eile nach gabh an tàladh: feadhainn dhiubh a chuireas an clann do chròileagan no sgoil-àraich Gàidhlig mur eil ullachadh Beurla faisg orra, ach nach tagh foghlam Gàidhlig sa bhunsgoil.

Chaidh fiosrachadh fhaotainn tro cheisteachain agus ann an còmhradh ri oifigearan chomhairlean agus oifigearan buidhnean Gàidhlig mu thrioblaidean an luib a bhith a' libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig. Tha na puingeagan bu trice a dh'èirich gu h-ìosal.

- Gainnead agus comasan luchd-obrach

Tha duilgheadas le luchd-teagaisg fhastadh agus a ghleidheadh na thrioblaid anns a' chuid as motha de na h-àiteachan anns nach eil mòran gluasad agus far a bheil àireamhan a' crìonadh. Tha seo fìor mu chomhairlean aig nach eil ach aon aonad, ach cuideachd chithear an aon thrioblaid ann an comhairlean aig a bheil grunnan aonadan agus aig a bheil deagh chliù a thaobh na Gàidhlig, gu h-àraidh mar as



iomallaiche an t-àite. Tha gainnead ann an cuid de dh'àiteachan cuideachd ann an luchd-obrach eile, leithid luchd-taice, a dh'fheumar airson foghlam Gàidhlig a libhrigeadh an dà chuid ann aig ìre ro-sgoil agus bunsgoil.

Tha gainnead luchd-obrach na fhìor arrasbacan agus ag adhbhrachadh gu bheil pàrantan a' call am misneachd mu chlann a chur taobh na Gàidhlig. Tha sin a' lùghdachadh àireamhan, agus a' dèanamh suidheachadh an aonaid cugallach. Tha beagan eisimpleirean cuideachd ann far a bheil uallaichean air èirigh a measg phàrantan mu sgilean agus comasan luchd-teagaisg, a thaobh cànan no liut teagaisg. Nuair tha a leithid sin ag èirigh tha e a' toirt buaidh air taghadh nam pàrantan, agus uaireannan ag adhbhrachadh clann a bhith gan toirt a-mach à Foghlam tron Ghàidhlig.

- Ag iompachadh phàrantan

Uaireannan, a dh'aindeoin strì agus dìcheall a' sgaoileadh fiosrachaidh mu bhuannachdan slighe na Gàidhlig, tha e do-dhèante cuid de phàrantan iompachadh. Tha sgrùdadh a rinn Comhairle nan Eilean Siar ann an 2012 a measg phàrantan nach do thagh Foghlam tron Ghàidhlig a' togail nan adhbharan a nochd bho phàrantan airson a dhol taobh na Beurla. Chaidh freagairtean fhaighinn bho 95 de phàrantan, agus bha 18 den chloinn air a bhith ann an sgoil-àraich no buidheann saor-thoileach Gàidhlig.

- chan eil Gàidhlig san teaghlach;
- uallaichean a thaobh dìth comas cuideachaidh le obair dachaigh;
- bu chòir do Ghàidhlig a bhith air a theagasg mar chuspair anns an t-sruth Bheurla;
- b'fheàrr leinn i/e a bhith ann an clas nas motha;
- 's fheàrr leinn Beurla;
- cha robh Foghlam tron Ghàidhlig anns an sgoil as fhaisge oirnn, 's cha robh sinn airson a dhol seachad air an sgoil sin;
- duilgheadasan ionnsachaidh aig an leanabh;
- chan eil Gàidhlig againn 's chan eil sinn airson an cànan ionnsachadh co dhiubh;
- chan eil ùidh aig an leanabh sa Ghàidhlig;
- smaoinich mi air ach bha an còrr den teaghlach na aghaidh;
- ged a tha Gàidhlig againn anns an dachaigh tha mi nas riarachta i a bhith ag ionnsachadh tron Bheurla;
- chan eil mi a' faicinn dè am feum a bhiodh ann airson am beatha no airson dreuchdan;
- 's e Gàidhlig ciad chànan an leanabh againn, agus 's urrainn dhuinn sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart san dachaigh, ach 's e Beurla as feumaile airson foghlam agus saoghal obrach.

Chì sinn an sin adhbharan a tha air a bhith a' dol bho thùs gnothaich, agus sin ann an suidheachadh far a bheil mòran air a dhèanamh a thaobh margaidheachd, agus far a bheil mòran taice air a thoirt do phàrantan aig nach eil Gàidhlig.

Tha e inntinneach na freagairtean seo a choimeas ri freagairtean air ceisteachain a chaidh a thoirt, mar phàirt den lèirmheas seo, do sgoilearan an Sgoil MhicNeacail, Steòrnabhagh. Bha ceisteachain fa leth ann do chlasaichean Gàidhlig agus do

chlasaichean luchd-ionnsachaidh. Bha fileantaich uile taingeil gun d' fhuair iad foghlam tron Ghàidhlig, agus thug iad adhbharan toiniseil airson sin, ach bha aithreachas air 69% den luchd-ionnsachaidh nach d' fhuair iad cothrom air fileantachd a ruighinn aig ìre bunsgoil air sgàth taghadh am pàrantan. 'S fhiach teachdaireachdan mar sin an sgaoileadh.

- Aireamhan ìosal san sgìre

Far a bheil an t-àireamh chloinne ann an sgìre-sgoile ìosal, agus far nach bi ach àireamh glè bheag a' tighinn a-steach gach bliadhna, chan eil an t-aonad a' fàs, agus tha e uaireannan doirbh do phàrantan aon leanabh a' sgaradh bho cho-aisean airson a dhol taobh na Gàidhlig. Tha cuid de sgoiltean ann far an robh aonad fallain, ach far a bheil an t-àireamh chloinne air crìonadh gu mòr, agus far am faicear na h-àireamhan a' dol don Ghàidhlig a' dol suas agus sìos. Tha e na mhisneachd corra àite fhaicinn far a bheil seo air obrachadh chum math na Gàidhlig, agus a tha a-nis gu tur Gàidhlig. Tha eisimpleirean ann cuideachd de bhith a' cur sgoil-àraich agus tràth bhliadhnaichean còmhla far a bheil àireamhan ìosal, airson spionnadh ath-nuadhachaidh a thoirt do dh'aonad.

- Leantainneachd

Mar a tha na cunntais ann an earrann 3 gu h-àrd ag ainmeachadh, tha uireasbhaidhean leantainneachd, bho ro-sgoil gu bunsgoil 's gu àrdsgoil na chùis a dh'fheumas a leasachadh. Tha e nas tarraingiche do mhòran phàrantan ma tha fhios aca gu bheil cothrom aig clann a bhith an-sàs ann an Gàidhlig tron sgoil gu lèir. Tha obair a dhith a thaobh luchd-ionnsachaidh, mar a thèid beachdachadh air ann an Earrann 8 gu h-ìosal, ach a thaobh clann a tha air a thighinn tro Foghlam tron Ghàidhlig, tha fhios gun dèan iad an t-adhartas as fheàrr sa chànan ma tha iad ga chleachdadh ann an raon cho farsaing 's a ghabhas, ach tha gainnead luchd-teagaisg agus àireamhan ìosal sgoilearan a' ciallachadh nach eil an suidheachadh ann an àrdsgoiltean cothromach air feadh na dùthcha. Tha a' chuid mhòr de na comhairlean a tha a' tairginn foghlam tron Ghàidhlig san àrdsgoil a' dèanamh an dìchill gu leudachadh air cuspairean a theagasg tron Ghàidhlig, ach chan eil e an còmhnaidh comasach tidsearan le Gàidhlig fhaighinn airson puist a lìonadh. Tha an cùrsa Streap air a bhith feumail ann a bhith ag ullachadh tidsearan a tha mu thràth ann an sgoiltean gus teagasg tron Ghàidhlig. Tha cùrsa aig astar air a bhith air a chleachdadh gu soirbheachail ann an Cruinn-Eolas, agus le adhartasan ann an teicneolas, dh'fhaodadh dòighean ùra electronaigeach a bhith air an cur gu feum airson taice do sgoilearan ann an àiteachan le àireamhan ìosal, agus far nach eil coltas gum bi cuspairean gan teagasg anns an sgoil fhèin.

A thaobh Gàidhlig mar chuspair, tha an dòigh anns a bheil an curraicealam air a libhrigeadh ann an cuid de dh'àiteachan na arrasbacan, nuair a tha aig sgoilearan ri taghadh a dhèanamh eadar Gàidhlig agus cànan eile. Tha àiteachan far a bheil cothrom air a bhith aig sgoilearan thar iomadh bliadhna dà chànan a thuilleadh air Beurla a dhèanamh sa chiad dà bhliadhna den àrdsgoil, mar a chithear an earrann 3 gu h-àrd. Tha GLBS air sin a thoirt a-steach do bhunsgoiltean cuideachd, ged a tha an aithisg HMI a tha air ainmeachadh an earrann 6 gu h-àrd a' toirt luaidh air mi-chothromachd o sgoil gu sgoil. Tha iomairt nàiseanta ann a-nis anns an **Ro-innleachd 1+ 2 chànan**, a tha a' moladh gun seall sgoiltean ri dà chànan a bharrachd air Beurla a thoirt do sgoilearan aig an ìre Foghlam Farsaing Coitcheann den

Churraicealam airson Sàr-mhaitheas. Feumaidh Gaidhlig a bhith air a chur air adhart gu làidir san iomairt seo.

#### 6.5 A' togail air iomairtean margaidheachd.

Mar a chaidh a ràdh roimhe 's e na comhairlean as motha tha a' dèanamh de mhargaidheachd as soirbheachail ann a bhith a' tarraing chloinne chun na Gàidhlig. Tha tuilleadh ann a dh'fhaodadh comhairlean eile a dhèanamh airson fiosrachadh a chumail ri pàrantan, agus ged a tha nithean feumail a' tachairt gu nàiseanta, dh'fhaodadh cuid a neartachadh. 'S fhiach na leanas an dèanamh:

- Iomairt margaidheachd nàiseanta

Seach gu bheil na daoine air a bheilear ag amas ag atharrachadh gach bliadhna feumaidh iomairtean a bhith leantainneach. Chan eil teagamh nam biodh dòigh no raon foghlam a bha air a dhearbhadh cho èifeachdach ri Foghlam tron Ghàidhlig nach biodh an riaghaltas ga sparradh air daoine. Chan eil an stòras ( luchd-teagaisg agus stuthan-teagaisg) ann airson a dhèanamh an-dràsta, ach cha bu chòir sin bacadh a chur an teachdaireachd a sgaoileadh fad is farsaing, gu h-àraidh a' gabhail a-steach gach oidhirp airson àireamhan luchd-obrach àrdachadh. 'S e airgead a mhàin a tha a dhìth airson tuilleadh stòras teagaisg.

A thuilleadh air na tha air a ràdh gu h-ìosal mun eadar-lìon, agus an sanasachd a tha comhairlean a' dèanamh gu h-ionadail, bhiodh e feumail sanasan a bhith air an cur ann am paipearan-naidheachd nàiseanta gach bliadhna, 's docha san t-Samhain, gus cothrom a thoirt do phàrantan aig nach robh fios mu Fhoghlam tron Ghàidhlig an tuilleadh fhaighinn a-mach ro àm clàraidh. Ged a bha na sanasan telebhisean a chaidh a-mach mu theagasg math agus feumail, tha iad gu math cosgail agus dh'fhaodadh daoine gun turchairt orra. Dh'fhaodadh dòighean sanasachd eile an rannsachadh a thaobh chosgaisean, gu h-àraidh sanasan air còmh-dhail poballach, mar a chaidh fheuchainn gu ìre mu thràth, no air bùird sanasachd sna bailtean mòra. Dhèanadh sanasan a bhiodh ro aghaidh dhaoine airson greis feum. Tha rannsaichidhean air sealltainn gur e seo an dòigh sanasachd as motha tha a' ruighinn de dhaoine.

- Fiosrachadh air an eadar-lìon

Feumaidh comhairlean coimhead dè cho furasta 's a tha e Gàidhlig a lorg air na làraich –lìn aca agus a bheil buannachdan foghlam dà-chànanas air an innse ann an dòigh tarraingeach a ghlacadh sùla. Tha fiosrachadh fìor mhath air làrach Bòrd na Gàidhlig, ged bu chòir ath-shùil a thoirt air na mapaichean a tha air an làrach. Air a' chiad shealladh tha e gu math meallta, oir tha ainmean nam bailtean a' clonadh gu taobh sear na dùthcha, agus ag ainmeachadh bhailtean far nach eil Gàidhlig. Bhiodh e na b'fheàrr iad sin fhàgail às, agus na h-àiteachan anns a bheil Gàidhlig a dhèanamh soilleir le buille den t-sùil. Tha map nas fheàrr air làrach-lìn Chomunn na Gàidhlig, a tha cuideachd na làrach feumail a thaobh fiosrachaidh.

'S e an làrach-lìn airson nan Eilean Siar as fheàrr de na làraich chomhairlean, le fiosrachadh air leth math, agus teisteanais agus bhidio tarraingeach. Chaidh an làrach a chur ri chèile còmhla ri Comann na Gàidhlig, agus tha e air Facebook cuideachd. Le bhith a' cleachdadh leithid Facebook, 's urrainn fiosrachadh a sgaoileadh fad is farsaing ann an ùine ghoirid. Chan eil comas aig a h-uile ùghdarras a leithid a dhèanamh iad fhèin, ach bu chòir:

- Gàidhlig a bhith ri fhaicinn air duilleag aghaidh an làraich no co dhiu air ainmeachadh anns an A-Z air an duilleag-aghaidh, agus sin a' treòrachadh gu fiosrachadh mu càit am faighear foghlam Gàidhlig;
- Fiosrachadh mu bhuannachdan Foghlam tron Ghàidhlig no ceangal gu làraich feumail eile leithid Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant, Comann na Gàidhlig no làrach nan eilean siar;
- Sgrùdadh a dhèanamh, le comhairlean, air làraich-lìn sgoiltean, gus dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam tron Ghàidhlig a' faighinn deagh aire, agus gu bheil ceanglaichean gu làraich-lìn freagarrach Gàidhlig anna.
- Dèanamh cinnteach nach eil am facal "mainstream" a' nochdadh air làrach-sgoile, no ann an leabhraichean-sgoile.

- Iomairtean sgoiltean

Ma tha a' Ghàidhlig aig cridhe chùisean sna sgoiltean, agus an ceannard a' làn chreidsinn ann mar mheadhan èifeachdach teagaisg, tha sin air leth soirbheachail ann a bhith a' misneachadh phàrantan, agus ann a bhith a' toirt dearbh-aithne làidir do chloinn. Far a bheil ceannard a tha leam-leat mu Fhoghlam tron Ghàidhlig, no eadhan a tha ga lìbhrigeadh dha aindeoin, tha sin a' dèanamh mòran call, oir cha bhi a' Ghàidhlig ach mar earball-sàile air obair na sgoile. Aig àm anns a bheil comhairlean a' ruith no a' dealbh phlanaichean Gàidhlig, dh'fheumadh stiùireadh do sgoiltean a thaobh adhartachadh na Gàidhlig a bhith mar phàirt bunaiteach dhiubh. Agus an rud a tha fìor mu sgoiltean, tha e fìor mu chomhairlean. Ged nach eil sa Ghàidhlig ach cuibhreann fìor bheag de dh'obair cuid de chomhairlean, feumaidh toil adhartachadh a bhith ri fhaicinn agus air a chur an gnìomh.

- Leantainneachd

Bu chòir do chomhairlean agus do sgoiltean greim a ghabhail air na molaidhean anns an **Ro-innleachd 1+ 2 chànan**, gus dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig air aon de na cànanan sin anns a h-uile àrdsgoil far a bheil sgoilearan bho Fhoghlam tron Ghàidhlig sa bhunsgoil a' dol, agus nach bi aca ri taghadh a dhèanamh aig an ìre thràth seo.

Airson leudachadh eleactronaigeach no aig astar air teagasg tron Ghàidhlig san àrdsgoil bhiodh an t-eòlas a tha aig Sabhal Mòr Ostaig ann a bhith a' teagasg aig astar air leth feumail ann a bhith a' toirt seo air adhart.

- Fiosrachadh mu dhreuchdan

Ann am freagairtean ceisteachain sgoilearan agus oileanaich, bha mothachadh ann air cho feumail 's a tha Gàidhlig ann an caochladh dhreuchdan, chan ann a-mhàin anns na raointean àbhaisteach leithid teagasg agus na meadhanan. Tha obair ga dhèanamh le buidhnean Gàidhlig aig fèilltean dhreuchdan, agus le bileagan

fiosrachaidh, ach feumaidh sgoiltean a bhith a’ libhrigidh an fhiosrachaidh seo do sgoilearan ann an còmhraidhean mu dhreuchdan agus mu thaghadhean. Bu chòir seo a dhaingneachadh aig gach ìre foghlam, a measg fhileantach agus luchd-ionnsachaidh. Tha feum mhòr air luchd-obrach le Gàidhlig ann an dreuchdan leithid clèireachd, leasachadh-cainnt, saiceòlas, ann an iomadh raon de sheirbhisean slàinte agus ann an obraichean teicneach anns na meadhanan.

## 6.6 Geàrr chunntas air gnìomhan margaidheachd a tha a dhìth.

	Ri dhèanamh		Cò a nì e
1	Sanasan	Sanas sna pàipearan-naidheachd nàiseanta. Sanasan air còmhhdail poballach. Sanasan air Clàir Shanasachd	Bòrd na Gàidhlig agus comhairlean
2	An t-Eadar-lìon	Ath-sgrùdadh air làraich-lìn: Gàidhlig air duilleagan-aghaidh; Gàidhlig san A-Z; Buannachdan dà-chànanaidh; Ionadan le Foghlam tron Gàidhlig; Ceanglaichean ri làraich Ghàidhlig; Ath-sgrùdadh air làraich sgoiltean. Am facal “mainstream” a’ dol à bith.	Comhairlean
3	Sgoiltean	Stiùireadh do sgoiltean air inbhe na Gàidhlig a thogail. Ceannardan a’ togail inbhe na Gàidhlig agus Gàidhlig ri bhith aig cridhe na sgoile. Leudachadh air Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig san àrdscoil. Fiosrachadh dreuchdail.	Comhairlean agus sgoiltean.

## 7. ÀRDACHADH ÀIREAMHAN LUCHD-TEAGAISG

### 7.1 An suidheachadh

Tha buidhnean aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig làn aontaichte gu bheil e deatamach gum bi àrdachadh anns an àireamh a tha a’ tighinn a-steach gu teagaisg na Gàidhlig, agus tha seo air mòran a bharrachd aire agus taice fhaighinn o chionn ghoirid. Tha e duilich do chomhairlean planaichean dàna a chur air bhog mur eil cinnt aca gum faigh iad luchd-obrach a chuireas na planaichean sin an gnìomh.

O chionn grunnan bhliadhnan tha barrachd àiteachan air an cur air leth airson trèanadh luchd-teagaisg Gàidhlig na tha de dh’iarrtas air na h-àiteachan sin, agus tha barrachd a’ sireadh àite air cùrsa PGDE seach B.Ed. Tha cùrsa ùr dha dhealbhan ann an Oilthigh na

Gàidhealtachd 's nan Eilean airson 2013-14 a chruthaicheas 20 àite eile. Tha na h-oilthighean air cuid a dhiùltadh air sgàth neo-fhreagarrachd, oir chan eil math luchd-teagaisg a bhith a' tighinn don dreuchd a dh'fhaodadh barrachd cron na feum a dhèanamh. Ma tha uireasbhaidhean ann an comasan cànan, bitear a' moladh chùrsaichean dhaibh a bheir an cànan air adhart, agus tha feadhainn air tilleadh an dèidh a' chomhairle sin a ghabhail, agus air soirbheachadh.

Tha beagan phuist thèarainte bàn aig an àm seo fhèin, mar a dh'ainmichear an earrann 3 gu h-àrd, agus sin an àiteachan far a bheil a' chùis cugallach. Leis an Sgeama Inntigidh Luchd-teagaisg, tro am bi comhairlean a' tairgse àiteachan falamh don riaghaltas airson cothrom de bhliadhna teagaisg do thidsearan air ùr cheumnachadh, anns na trì bliadhna mu dheireadh bha comhairlean a' sireadh barrachd de thidsearan air ùr-cheumnachadh na bha de thidsearan rim faotainn, an dà chuid aig ìre bunsgoil agus àrdsgoil. Tha tidsearan air ùr cheumnachadh a' taghadh nan comhairlean as fheàrr leatha, air an rangachadh bho 1-5, no ag ràdh gun tèid iad a dh'àite sam bith. Ged a tha duais airgid fialaidh an cois an Roghainn Fosgailte seo, suas gu 2012 cha robh mòran fèill air a measg tidsearan bunsgoile, ach rinn sianar Roghainn Fosgailte an 2012. Tha an t-àireamh nas àirde airson tidsearan àrdsgoile. Mar as motha tha deònach a dhol gu comhairle sam bith 's ann as fheàrr a dh'fhaodadh cùisean a bhith do chomhairlean nach eil oileanaich ag ainmeachadh mar roghainn.

Ach a thuilleadh air puist làn-thìde tha feum air tidsearan solair, a thèid an àite feadhainn a tha tinn, a tha air fòrladh màthaireil, no a lionas post a tha bàn gus am faighear tidsear eile. Tha an trioblaid sin aig a h-uile comhairle, gu ìre air choireigin.

## 7.2 Iomairtean agus innleachdan leasachaidh

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh obair ionmholta anns an iomairt leasachaidh air suidheachadh luchd-teagaisg, eadar sanasan, tadhal sgoiltean agus oilthighean, le làthaireachd aig tachartasan sonraichte, agus le bhith a' toirt taic airgid dhaibhsan a tha an-sàs ann an cùrsaichean teagaisg Gàidhlig. Tha iomairtean eile a' dol no an impis tòiseachadh airson misneachd a thoirt do dhaoine a bhiodh freagarrach airson teagaisg tron Ghàidhlig, eadar bunsgoil agus àrdsgoil, na sgilean cànan aca a leasachadh. Tha iad sin ag amas air caochladh bhuidhnean dhaoine, eadar fileantaich a tha an-dràsta a' teagaisg tron Bheurla, fileantaich a tha ann an dreuchdan eile, agus luchd-ionnsachaidh a tha a' cur feum air tuilleadh ùine ionnsachaidh. Tha cùrsa bogaidh fad bliadhna ga dhealbh, airson tòiseachadh ann an 2014, do dh'fheadhainn a tha a' teagasg tron Bheurla, airson an deisealachadh gus obair tron Ghàidhlig.

Rinn Comhairle nan Eilean Siar sgrùdadh air an suidheachadh fhèin agus dh'aontaich iad poileasaidhean a chuidicheas le bhith a' lionadh bheàrnan, agus le fastadh san àm ri teachd. Tha an ro-innleachd a' gabhail a-steach:

- a' cur luchd-teagaisg le Gàidhlig, ach a tha an-dràsta ann am puist Beurla, ann am puist Gàidhlig mar a bhios feum orra, gu h-àraidh ma fhuair iad cothrom trèanaidh seach gun robh Gàidhlig aca;
- poileasaidhean fastaidh ùra a' comharrachadh a h-uile post falamh ann an Uibhist agus Barraigh mar phuist Gàidhlig agus dreuchdan àrdaichte an Uibhist mar phuist Gàidhlig;
- puist solar Gàidhlig làn-ùine air an stèidheachadh, agus mur eil feum orra aig amannan ann an clasaichean Gàidhlig, faodar an cleachdadh airson solar Beurla no airson obair leasachaidh; agus
- cùmhnantan imrich nas fàbharaiche airson puist Ghàidhlig.

Bidh cuid de na poileasaidhean sin feumail far a bheil am prògram leasachaidh air an oighreachd sgoile a' ciallachadh gu bheil an t-àireamh sgoiltean agus àireamh phuist a' dol sìos, oir bidh dìon cosnadh ann do luchd-teagaisg a thuilleadh air a bhith a' cuideachadh suidheachadh na Gàidhlig.

### 7.3 A' togail air iomairtean agus innleachdan

Feumar cumail a' dol le iomairtean Bòrd na Gàidhlig a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, agus le bhith a' rannsachadh a h-uile raon bho am faodadh tidsearan a thighinn. Tha an raon a measg sgoilearan agus oileanaich a' coimhead gealltanach, agus feumar a h-uile oidhirp a dhèanamh gus an tig toradh bhuapa, an dà chuid airson bunsgoil agus àrdsgoiltean. Mar eisimpleir, tha freagairtean air ceisteachain a chaidh a thoirt do sgoilearan (Sgoil MhicNeacail) aig ceann shuas na sgoile agus oileanaich (Oilthigh Obar Dheathain) a' sealltainn gu bheil fios aig an dà bhuidheann gu bheil gainnead luchd-teagaisg Gàidhlig ann, agus tha e na mhisneachd gu bheil nam measg feadhainn le ùidh ann an teagasg. 'S ann taobh na bunsgoile tha a' mhòr-chuid ag iarraidh a dhol, ach bha ùidh ann an teagasg àrdsgoile cuideachd. A measg nam fileantach, bha 13 a-mach a 46 gu cinnteach airson teagasg tron Ghàidhlig, agus bha 5 a thuirt gur dòcha gum biodh ùidh aca ann. Bha 16 a thuirt gun còrdadh e riutha tuilleadh fhaighinn a-mach mu dheidhinn. A measg an luchd-ionnsachaidh bha 10 a-mach à 53 le ùidh ann an teagasg mar dhreuchd. Tha tuilleadh air a ràdh mu luchd-ionnsachaidh ann an earrann 8 gu h-ìosal.

Ged nach freagradh ro-innleachdan Chomhairle nan Eilean Siar anns a h-uile suidheachadh, 's fhiach cuid coimhead riutha, leithid puist solair làn-ùine, pasgain imrich nas fàbharaiche agus beachdachadh air gluasad tidsearan le Gàidhlig gu puist Ghàidhlig, gu h-àraidh ma chaidh iad tro chùrsa trèanaidh mar phàirt den chuibhreann àiteachan a tha air an comharrachadh airson na Gàidhlig. 'S dòcha gu bheil cuid a fhuair taice airgid bho mhaoineachadh Gàidhlig.

## **8 A' TOIRT LUCHD-IONNSACHAIDH GU FILEANTACHD**

8.1 Dh'fhaodadh obair le luchd-ionnsachaidh a bhith na achadh torach a thaobh teagaisg, ann a bhith a' toirt a h-uile cothrom an toirt gu fileantachd an dà chuid anns na sgoiltean agus a measg nan inbheach gus am bi iad a' biadhachadh a-steach do na iomairtean àrdachadh àireamhan luchd-teagaisg.

8.2 Tha raon farsaing de chùrsaichean rim faotainn, gu h-àraidh do dh'inbhich, agus feadhainn aig astar nam measg. Tha fiosrachadh ri faotainn mun deidhinn air an eadar-lìon an ìre mhath furasta, eadar làraichean Sabhal Mòr Ostaig, Ulpan, Clì Gàidhlig, am BBC agus Gaelic4parents. Tha taghadh air leth farsaing aig Sabhal Mòr Ostaig, eadar cùrsaichean làn-ùine agus cùrsaichean goirid, feadhainn air an làrach, feadhainn ann an sgìrean agus ionadan eile, agus cùrsaichean aig astar agus tha iad gu cunbhalach a' leudachadh air cùrsaichean gus coinneachadh ri beàrnan agus feuman a chì iad. Tha cùrsaichean goirid aca aig ochd ìrean, a' freagairt air ìrean cànan nan oileanach. Tha comas aig Sabhal Mòr tuilleadh oileanaich a ghabhail, beagan air an làrach, ach b'urrainn dhaibh cùrsaichean a libhrigeadh an ionadan agus sgìrean eile. Chan urrainn cùrsaichean goirid a libhrigeadh ach nuair nach eil oileanaich làn-ùine air an làrach.

8.3 Thug Sabhal Mòr Ostaig fiosrachadh gu math mionaideach mu chosgaisean nan cùrsaichean aca-san, a bhitheas gu math feumail ma thèid ceuman eile a ghabhail ann a bhith a' toirt feadhainn de na molaidhean air adhart.

8.4 Ann an sgoiltean

Tha tomhais mhath de shaothair a' dol ann am bunsgoiltean a thaobh GLBS, ach uaireannan chan urrainn don chloinn cumail orra leis a' chànan anns an àrdscoil. Tha cuid de chomhairlean a' coimhead ris an t-suidheachadh sin a leasachadh, ach 's urrainn barrachd a dhèanamh. Cha toir cùrsaichean luchd-ionnsachaidh sna sgoiltean òigridh gu fileantachd ach bheir iad pìos air an t-slighe iad, agus bheir e miann do chuid cumail orra leis a' chànan.

Bu chòir do chomhairlean a h-uile oidhirp a dhèanamh airson ullachadh airson Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh a bhith air a thairgse ann am bunsgoiltean agus àrdscoiltean, eadhon ann an àiteachan far nach eil e ri fhaotainn an-dràsta.

Thàinig aithrisean gu math misneachail bho dhithis a bha air an tarraing chun a' chanain tron cheòl, ach nach b'urrainn Gàidhlig fhaighinn sna sgoiltean aca. Chothaich iad an aghaidh arrasbacain, ag ionnsachadh air an ceann fhèin agus shoirbhich leotha le tomhais de Ghàidhlig fhaighinn aig ceann shuas na sgoile, a bha na bhunait nas làidir dhaibh aig ìre oilthigh. Cha bhi a h-uile duine cho deònach riuthasan strì a dhèanamh, agus feumaidh an suidheachadh a bhith nas fhasa don leithid. Tha aon dhiubh an-dràsta a' teagasg na Gàidhlig agus an neach eile an impis tòiseachadh air trèanadh airson teagaisg.

Bhiodh na leanas buannachdail a thaobh luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean:

	<b>Na tha ri dhèanamh</b>	<b>Cò a nì e</b>
1	An co-cheangal ris an Ro-innleachd 1+2 cànan, dèanamh cinnteach gur urrainn do sgoilearan Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh a dhèanamh san àrdscoil, agus gu h-àraidh ma tha iad air blasad fhaighinn air Gàidhlig sa bhunsgoil	Comhairlean agus Sgoiltean
2	Coimhead ris an ùine teagaisg a tha aig tidsearan a tha a' teagasg clasaichean Gàidhlig, gus am bi an dà chuid cùrsaichean Gàidhlig agus Gàidhlig luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean.	Comhairlean agus sgoiltean
	<b>Na tha ri dhèanamh</b>	<b>Cò a nì e</b>
3	Do sgoilearan a tha air teisteanas àrd-ìre ann an Gàidhlig luchd-ionnsachaidh fhaighinn, agus ma tha ùine aca air an t-siathamh bliadhna, cothrom a thoirt dhaibh air cùrsaichean, 's dòcha aig astar, airson an greim air a' chànan a dhaingneachadh.	Sgoiltean agus colaistean.
4	Ann an sgoiltean far nach eil tidsearan Gàidhlig, cothrom a thoirt do sgoilearan aig ceann shuas na sgoile cùrsaichean aig astar a dhèanamh, mar thoiseach tòiseachaidh sa chànan. Dh'fheumar sùil a thoirt air dòighean margaidheachd nan cùrsaichean sin seachad air crìochan nan sgoiltean anns a bheil Gàidhlig co dhiubh, agus dh'fhaodadh colaistean	Bord na Gaidhlig Colaistean



	Gaidhlig togail air an obair a tha iad a' dèanamh san raon seo.	
5	Do sgoilearan a rinn Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil agus a tha a' miannachadh cumail orra le Gàidhlig, gu h-àraidh nam biodh B.Ed san amhairc, tha cùrsa san amharc aig SMO a bhiodh mar dhrochaid eadar an sgoil agus foghlam àrd-ìre, agus a dh'àrdaicheadh an sgilean cànan. Bu chòir sùil a thoirt air freagarrachd dòighean maoinicheadh agus lìbhrigidh ann a bhith a' dealbh a' chùrsa.	Bord na Gàidhlig agus SMO.
6	Ann an còmhraidhean le sgoilearan, agus ann am freagairtean nan ceisteachain, tha e soilleir gu bheil sgoilearan, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, a' faireachdainn gu bheil barrachd shochairan a thaobh cothroman air taobh a-muigh a' chlas aig fileantaich. Bu chòir coimhead ri tuilleadh dhòighean air iomhaigh agus inbhe a' chànan àrdachadh a measg luchd-ionnsachaidh. Bha cuid a thog gum miannaicheadh iad turas gu SMO.	Comhairlean agus sgoiltean; Buidhnean Gàidhlig
7	Ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh an-dràsta, rannsachadh a bheil miann air a' chànan sa choimhearsnachd, le sùil a thairgsinn ann an àrdsgoiltean.	Comhairlean agus sgoiltean.

## 8.5 Anns na h-Oilthighean

Tha mòran a' faighinn a' chiad bhlasad de Ghaidhlig san oilthaigh. Dè na h-oileanaich a thug fiosrachadh, bha 60% nach d' fhuair Gàidhlig san sgoil, oir cha robh an cànan air a thairgse san sgoil aca. Tha am freagairtean-san agus freagairtean nan oilthighean a' sealltainn, ann an oilthighean sna bailtean mòra, gu bheil a' mhòr-chuid de na tha a' dèanamh Gàidhlig air a' chiad bhliadhna a' tighinn chun a' chànan as ùr. Tha caochladh adhbharan dhan tarraing, eadar ùidh ann an Alba (do dh'oileanaich bho dhùthchannan eile) agus anns a' Ghàidhealtachd; ùidh ann an cultar agus ann an ceòl; ùidh ann an cànanan agus ceangal teaghlaich ris a' Ghaidhealtachd. Ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean(OGE), ann an Steòrnabhagh, tha a' mhòr chuid de na h-oileanaich air tomhais de Ghàidhlig a dhèanamh san sgoil, agus dhiubh sin 's e fileantaich a tha sa mhòr-chuid. 'S e glè bheag a tha a' tighinn thuca bho thaobh a-muigh nan eilean, oir tha gainnead àite-fuirich na thrioblaid. Ann an OGE, aig Sabhal Mòr Ostaig, tha a' mhòr chuid a tha a' tighinn nach do rinn Gàidhlig san sgoil, gu h-àraidh ma tha iad a' tighinn airson a' chùrsa comais, a tha a dh'aon ghnothaich do luchd-ionnsachaidh. Tha oileanaich an t-Sabhail Mhòir a' tighinn à iomadh ceàrnaidh, oir tha margaidheachd mhath ga dheanamh air na diofar chùrsaichean, agus tha àite-fuirich air an làrach.

Ged nach b' urrainn do na h-oilthighean figearan cinnteach a thoirt tha e coltach gu bheil cuibhreann mhath de dh'oileanaich thar nam bliadhnachan a thagh teagasg mar dhreuchd. Tha cuid a tha a' tionndadh gu teagaisg an dèidh beagan bhliadhnachan a chur seachad ann an dreuchdan eile.

Den fheadhainn a tha a’ tòiseachadh air a’ chànan san oilthigh agus a tha a’ leantainn orra gu ceum ann an Gàidhlig, tha feum air tuilleadh ùine fhaighinn dhaibh airson fàs comhfhurtail ann an còmhraidh. Tha an dà chuid oileanaich agus roinnean oilthaigh air am feum seo a thogail. ‘S e OGE aig Sabhal Mòr an aon àite far nach eil ceist mu bhith a’ toirt luchd-ionnsachaidh gu fileantachd ag èirigh, oir tha an teagaisg air fad a tha oileanaich a’ faighinn anns a’ Ghàidhlig. Anns na h-oilthighean eile tha oileanaich a’ dèanamh cuspairean eile air taobh a-muigh nan roinnean Gàidhlig, cuid suas gu ìre ceum. Tha roinnean nan oilthighean air gearraidhean fhulang ann an àireamhan luchd-teagaisg, agus a thuilleadh air sin chan eil gu leòr ùine maoinichte aca airson barrachd ùine a chur fa chomhair clasaichean còmhraidh. A-nis, le dòighean teagaisg Ulpan rim faotainn, dh’fhaodadh oilthighean coimhead ri sin mar ghoireas a chuireadh ris na cùrsaichean foirmeil aca fhèin, nam biodh maoineachadh ann air an son. Bhiodh ùine gu leòr aig oileanaich sa chiad dà bhliadhna clasaichean Ulpan a fhrithealadh a thuilleadh air na clasaichean acadamaigeach.

Tha miann air nochdadh cuideachd ùine agus airgead a bhith ann airson stuthan tarraingeach a chruthachadh.

Tha cothroman ann mu thràth airson chùrsaichean goirid aig àm saor-làithean, agus airson cùrsaichean bogaidh fad seachdain aig an oilthaigh, ach chòrdadh cùrsaichean no cothroman nas fhaide ri oileanaich, e.g. cùrsaichean bogaidh bliadhna agus greisean muinntireas. Bhiodh a leithid freagarrach eadar ceumnachadh agus tòiseachadh air PGDE, oir tha ùidh aig cuid de na thug fiosrachadh air a dhol taobh teagasg, no a bhith an lùib obair Gàidhlig, ach chan eil iad tur misneachail mu am fileantachd. Ged a bhiodh Cùrsa Comais SMO freagarrach do chuid, tha maoineachadh uaireannan na thrioblaid, oir chan fhaigh ceumnaichean maoineachadh bho SAAS airson cùrsa nach eil nas àirde na cùrsa a mhaoinich SAAS roimhe.

Le na tha air a bhith ri dhèanamh a thaobh raointean sgoile agus coimhearsnachd anns a’ Ghàidhlig, dh’fhaodadh nach eil aire gu leòr air a bhith air a thoirt do thaice do dh’oilthighean ann a bhith a’ tarraing aire a dh’ionnsaigh nan cùrsaichean Gàidhlig, mus tig daoine chun nan oilthighean. Tha fiosrachadh aig sgoiltean anns a bheil Gàidhlig, ach tha margaidh nas farsainge ann nach eileas a ruighinn an-dràsta. A-mach air OGE, chan eil e ceadaichte do dh’òraidichean iad fhèin sanasachd a dhèanamh a bharrachd air na tha ceadaichte thaobh prospectus no laithean fosgailte. Cuideachd, chan eil maoineachadh air a bhith ann airson stuthan teagaisg ioma-meadhan a dhealbh a bheireadh deagh iomhaigh don chànan. Mura b’e am maoineachadh a fhuair foghlam Gàidhlig aig ìre sgoile, foghlam adhartach agus coimhearsnachd, ‘s e suidheachadh air leth truagh air am bitheamaid ag aithris an-dràsta. Tha roinnean Gàidhlig anns na seann oilthighean gu ìre mhòr air taobh a-muigh seo, ach a-nis tha oifigearan leasachaidh Gàidhlig aig na trì oilthighean anns na bailtean mòra far a bheil roinnean Gàidhlig, agus bhiodh conaltradh leotha feumail airson comharrachadh dhòighean anns am b’urrainn suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh anns na h-oilthighean.

Bhiodh na leanas feumail a thaobh luchd-ionnsachaidh ann an oilthighean:

	<b>Na tha ri dhèanamh</b>	<b>Cò a nì e</b>
1	Clasaichean Ulpan a ruith an oilthighean, do dh’oileanaich air a’ chiad dà bhliadhna, mar thaice do na clasaichean acadamaigeach.	Roinnean Gàidhlig nan Oilthighean an co-bhonn ri Ulpan, dh’fhaodadh le taice airgid bho GLAIF

2	Coimhead ri doighean maoinachaidh agus lìbhrigidh airson nan cùrsaichean a tha nan drochaid eadar ceum agus teagasg no dreuchd eile airson luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd. Tha seo coltach ri 8.4 gu h-àrd agus aig puing 5.	Bòrd na Gàidhlig agus colaistean a tha a' libhrigeadh cùrsaichean Gàidhlig.
3	Sanasachd a bharrachd gus am bi fios aig sgoilearan sna sgoiltean (gu h-àraidh ann an Alba) mus tagh iad cùrsaichean oilthigh: (a) gur urrainn dhaibh tighinn gu ìre fileantachd, fiù 's mur eil facal Gàidhlig aca an-dràsta, agus (b) gu bheil tòrr dhreuchdan matha ann airson daoine le ceum ann an Gàidhlig;	Bòrd na Gàidhlig, sgoiltean agus oilthighean.
4	Conaltradh ri roinnean Gàidhlig nan Oilthighean gus dearbhadh dhòighean anns an toireadh taice airgid piseach air an suidheachadh.	Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig (a thaobh an Sgeama Ceumnaichean) agus oilthighean.

## 8.6 Inbhich eile

Tha buidhnean inbhich eile ann às am faodadh tuilleadh luchd-teagaisg a thighinn, ged a dh'fhaodadh nach biodh an t-àireamh mòr.

Tha luchd-teagaisg aig nach robh Gàidhlig a' faighinn cothrom ionnsachadh tro na cùrsaichean GLBS. Dh'fhaodadh gum biodh cuid dhiubhsan a mhiannaicheadh a thighinn gu ìre fileantachd airson atharrachadh gu teagasg sa Ghàidhlig. Tha cùrsa an-dràsta ga dhealbh, airson a libhrigeadh ann an 2014, a fhreagradh air inbhich mar seo. Dh'fhaodadh seo obrachadh còmhla ris an sgeama inntigidh thidsearan ùra, le bhith a' cruthachadh beàrn ann an sruth Beurla, seach gu bheil gainnead àiteachan ann gu tric do thidsearan Beurla. Dh'fhaodadh arrasbacan a bhith ann mur eil suidheachadh ionmhais an fheadhainn a dheigheadh air làidir gu leòr airson bliadhna bhon obair, agus mar sin bidh e gu mòr an urra ris an seòrsa cùmhnantan a dh'aontaicheas ùghdarras ionadail airson saorsa bliadhna a thoirt.

Tha cuideachd fèill mhòr air cùrsaichean Ulpan, agus dh'fhaodadh gu bheil feadhainn air a thighinn tro na cùrsaichean sin a bhiodh freagarrach airson teagasg mar dhreuchd, nam biodh an cànan aca agus nam biodh teisteanais freagarrach aca.

## 9 **Co-dhùnadh**

Ged a b' e beachdachadh air plana fad-ùine airson àireamhan ann am Foghlam Tron Ghàidhlig, gu h-àraidh aig ìre Prìomh 1 bun-adhbhar an rannsachaidh seo, ann a bhith a' sgrùdadh na ghabhas dèanamh aig an ìre seo bha e iomchaidh, mar a chaidh a mholadh ann an raon-obrach a' phròiseact, sùil a thoirt air taobhan eile de dh'fhoghlam na Gàidhlig, agus de nithean a tha a' suathadh ri foghlam na Gàidhlig. Tha uiread de thaobhan air, a dh'fheumas a bhith an eisimeil a-chèile, ma tha adhartas gu bhith ann. Mar sin, tha an aithisg seo a' toirt sùil fharsaing air an t-suidheachadh, agus a' moladh ghnìomhan a bhios riatanach an toirt gu buil. Ged nach deigheadh an targaid àireamhan a ruighinn mu 2017, tha adhbharan misneachd ri fhaicinn ann an caochladh raointean, gu h-àraidh nuair a thèid beachdachadh air na tha de shaothair a' dol an-dràsta, agus mar a tha buidhnean air a bheil

uallach airson na Gàidhlig a' tarraing còmhla ann an ro-innleachdan agus iomairtean a bhios gu leas a' chànain. Ma chumas iad sin a' dol, ma thèid am maoinachadh agus an leudachadh, agus ma ghabhas a h-uile comhairle uallach airson spionnadh a chur nam planaichean leasachaidh, chan eil adhbhar nach tig an tuilleadh piseach anns na bliadhnaichean an dèidh 2017.

## 10 GEÀRR-CHUNNTAS

Faodar prìomh phuingeon na h-aithisg a chur mar a leanas:

1. Ged a tha dochas gun teid àireamhan na cloinne a bhios a' dol gu Foghlam tron Ghàidhlig an àirde, chan eil coltas gu ruig na h-àireamhan an targaid de 800 cho tràth ri 2017.
2. Le cumail air adhart le na ro-innleachdan a tha ann, agus gan leasachadh, agus le bhith a' toirt an tuilleadh aire agus taice do raointean nach eil gu ruige seo air uiread de dh'aire fhaighinn, faodar coimhead nas dòchasaiche ri toradh nan oidhirpean sin ann am bliadhnaichean nas fhaide air adhart na 2017.
3. Tha uaireannan a tha deagh rùn chomhairlean air am bacadh le trioblaidean bunaiteach, leithid dìth luchd-obrach, eadar tidsearan agus luchd-taice.
4. Tha tàladh dhaoine gu teagaisg na amas bunaiteach a tha a' faighinn aire, agus feumar cumail a' dol le seo agus feumar a leudachadh, le co-obrachadh bhuidhnean, gu raointean leithid a bhith a' dèanamh an t-slighe nas rèidhe do luchd-ionnsachaidh.
5. Tha eisimpleirean ann de phoileasaidhean fastaidh agus suidheachadh luchd-teagaisg as urrainn do chomhairlean a chur an sàs.
6. Tha cuid de chomhairlean a dh'fheumas tuilleadh a dhèanamh airson fiosrachadh mu Fhoghlam Gàidhlig a sgaoileadh agus airson margaidheachd a dhèanamh air buannachdan dà-chànanais.
7. Feumaidh margaidheachd air Foghlam tron Ghàidhlig a bhith air a dhèanamh gach bliadhna, a' cleachdadh dhòighean a ruigeas mòran dhaoine.
8. Tha uireasbhaidhean ann an leantainneachd o bhunsgoil gu àrdsgoil ri fhaicinn ann an cuid de dh' àiteachan, uaireannan air sgàth cion luchd-obrach, ach uaireannan mar thoradh air nach eil Gàidhlig a' dleasadh àite làidir ann an rianachd a' churraicelam.
9. Tha cothrom leis an ro-innleachd Cànan 1 + 2 a tha air a mholadh gu nàiseanta, airson leantainneachd a chur an gnìomh.
10. Feumar coimhead ri dòighean air cùrsaichean sgoile do luchd-ionnsachaidh a bhith air an leudachadh gu àiteachan far nach eil iad an-dràsta.
11. Tha mòran a bharrachd a ghabhas a dhèanamh a thaobh luchd-ionnsachaidh airson an toirt gu fileantachd agus cothrom a thoirt dhaibh ann an dreuchdan Gàidhlig, leithid teagaisg.

**LONG TERM PLAN TO INCREASE NUMBERS  
IN GAELIC MEDIUM EDUCATION**

March 2013

Report by Catherine Dunn  
for Bòrd na Gàidhlig

## Report Index

Section	Topic
1	Introduction
2	Local Authorities - Overview
3	Local Authorities – Profiles
4	Estimates for Increasing Numbers entering P1.
5	Areas of need to bring about increase and expansion
6	Attracting pupils into Gaelic education
7	Increasing teacher numbers
8	Taking learners to fluency
9	Conclusion
10	Summary

## **1 INTRODUCTION**

- 1.1 This study was set up in order to investigate how local authorities and Gaelic organisations could work towards achieving the target set in the National Gaelic Plan 2012-2017 in respect of increasing the number of children entering Gaelic medium education and to consider what would be required in order to achieve that target. The target stated in the plan is that 800 children per year would enter Gaelic medium education in P1.
